

Bodach a' Phuill Mhònaidh

Chunnaig mise 'm bliadhna bodach mòr gun fheusaig
'S ghabh mi eagal cianail romh 'n ùslaig
Bhon thànaig e air fhiaradh a dh'innse dhomh na sgeulachd
Cha b'fhada gun do dh'iarr e mo dhùisteach.

Ma gheibh e mar is miann leis pios tombaca 'n iasad
Cuiridh e sìod sìos fon a' chùlaig
Suidhidh e air fhiaradh a' fasnadh creig air blianaig
Ag innse dhomh gu brèagha na cùisean

Innsidh e gu dòigheil far a bheil na h-òighean
Mar a gheibhinn còmhla ri m' rùn diubh
Nan éisdinn ri chòmhradh dheanadh e mo sheòladh
Mar chuirinn-sa mo bhrògan 'sa' chùil dhiom.

'Dol tarsuinn Cnoc na h-Uamhadh b'e sìod a' chulaidh uamhais
'S iomadh rud a chualas 'na chùiltean
Mo chridhe 'dol 'a m' bhrògan mur biodh duine còmh' rium
Bodach a' Phuill Mhònaidh 'tighinn dlùth dhomh.

'S iomadh oidhche rògach a chaidh mi thromh' n a' mhòintich
Mun d'fhuair an duine còir tighinn an dùthaich
'S tric a bha mi 'g òrdan gu falbhadh e o' r n-eòlas
'S eagal romh na bòcain an taobh seo.

Mo chomhairle dhan òigridh gun bhith 'siubhal mòintich
Bhon tha rudan neònach 'sna cùiltean
Chan fhalbhainn na m'ònar ged gheibhinn a' Roinn Eòrpa
No oidhche le te 's bòidhche san dùthaich.

Pàdruig Moireasdan